

NA DEUCHAINNEAN AGAD 2008

Am **fiosrachadh** a
dh'fheumas a bhith agad,
na dh'fheumas tu a
dhèanamh, agus na
thachras an uair sin

SQA

whywait.org.uk

RO-RÀDH

Tha na deuchainnean gu bhith ann agus tha an leabhran seo ag innse dhut dè bhios romhad, dè dh'fheumas tu a dhèanamh, agus ciamar a gheibh thu toraidhean nan deuchainnean agus an teisteanas agad.

Ma tha thu air deuchainnean SQA a dhèanamh roimhe, bidh fios agad dè tha romhad, ach mas e seo a' chiad turas agad, gabh air do shocair, na bi iomagaineach agus dèan do dhìcheall. Tha na deuchainnean ann airson faighinn a-mach dè cho math 's a dh'ionnsaich thu na cuspairean a bha thu a' dèanamh agus cho math 's a chuireas tu an t-eòlas agus na sgilean a dh'ionnsaich thu an sàs.

Dèan nas urrainn dhut a dheasachadh airson gach deuchainn. Ma nì thu do dhìcheall ro làimh agus anns an deuchainn fhèin, chan urrainn duine barrachd iarraidh ort na sin.

Gura math a thèid leat!

Tha fiosrachadh feumail agus deagh chomhairle air deasachadh airson deuchainnean air an làraich-lìn againn: www.sqa.org.uk/studyskills.

deasachadh airson NAN DEUCHAINNEAN AGAD

Clàr-ama

Chaidh clàr-ama oifigeil nan deuchainnean a sgaoileadh gu sgoiltean agus colaistean an-uiridh. Chì thu e air làrach-lìn an SQA: www.sqa.org.uk.

Tha geàrr-chunntas den chlàr-ama aig deireadh an leabhraìn seo. Faodaidh tu clàr-ama pearsanta a chlàr-bhualadh bhon làrach-lìn ma thogras tu airson nan cuspairean a tha thu fhèin a' dèanamh – ach a chionn gu bheil cead aig sgoiltean is colaistean atharrachadh beag a dhèanamh air àm tòiseachaidh nan deuchainnean, dèan cinnteach às an àm le tidsear no òraidiche.

Dèan cinnteach gu bheil fios agad dè na deuchainnean a tha thu a' dèanamh, càite am bi thu gan dèanamh agus cuin a thòisicheas iad. Bu chòir dhut a bhith deiseil a dhol a-steach do sheòmar nan deuchainnean co-dhiù 10 mionaidean ron deuchainn.

Na dh'fheumas tu a thoirt leat

Faigh a-mach am feum thu rud sam bith a thoirt a-steach leat don deuchainn (pinn, peansailean, calculator, agus mar sin air adhart). Chan fhaod thu an stuth agad a roinn le duine sam bith eile.

Tha clàr aig deireadh an leabhraìn airson gun cùm thu notaichean mu na deuchainnean agad fhèin.

Ma tha thu a' dèanamh deuchainn sam bith far a bheil teast ioma-roghainn – mar as tric ann an cuspairean saidheansail, mar eisimpleir Bith-eòlas no Matamataig aig Àrd-ìre – feumaidh tu **peansail HB** airson freagairt. (Feumaidh tu **peansail HB** a chleachdadh gus am faigh sinn air am pàipear agad a sganadh.) Feumaidh tu rubair a thoirt leat cuideachd mus bi thu ag iarraidh freagairt atharrachadh.

An Àireamh Tagraiche Albannach agad

Is e an Àireamh Tagraiche Albannach agad (ATA) an àireamh tagraiche phearsanta a bhios agad fad do bheatha. Feumaidh tu seo a sgrìobhadh air na leabhlanan-freagairt agus mar sin tha e cudromach gum bi fios agad air. Innsidh an tidsear no òraidiche a tha os cionn dheuchainnean SQA anns an ionad agad dè an ATA a th' agad.

Tha SQA a' toirt chairtean ATA don h-uile sgoil agus colaiste. Cleachd a' chairt seo airson nota a chumail den ATA agad. Faodaidh tu a' chairt seo a

thoirt a-steach don t-seòmar-dheuchainn.

Cleachdaidh na siostaman coimpiutaireachd againn an ATA agad airson na h-ìrean agus comharraidhean agad a chlàradh, agus airson lorg a chumail air barantasan a fhuair thu roimhe, gus am bi an teisteanas agad làn fhiosrach agus iomlan.

Dèan cinnteach gu bheil fios agad air an ATA agad agus gun cleachd thu e san dòigh cheart (no cùm do chairt ATA leat airson cuimhne a chumail air).

Ainm agus fiosrachadh

Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta ceart aig an sgoil no a' cholaiste agad — a' gabhail a-steach an ATA agad. Dèan cinnteach gu bheil fios aca air an ainm agad mar a tha thu ag iarraidh a nochdas e air an Teisteanas Bharantasan Albannach (TBA), agus an seòladh far an tèid toraidhean a chur.

Ma dh'atharraicheas tu an seòladh seasmhach agad aig àm sam bith mus faigh thu an teisteanas, feuch gun innis thu don sgoil no colaiste anns a' bhad.

Ma dh'atharraicheas tu d' ainm ann an dòigh sam bith, iarr air an sgoil no a' cholaiste innse dhuinn.

Obair-chùrsa

(rannsachaidhean, pròiseactan, pasganan obrach msaa)

Is ann ortsa a tha an dleastanas faighinn a-mach (bhon tidsear no òraidiche agad) a bheil teast labhairt no practaigeach ri dhèanamh sa chuspair agad, no am feumar obair-chùrsa sam bith a chur a-steach. Ma tha teast ri dhèanamh agus nach gabh thu e, no mura cuir thu obair-chùrsa a-steach, mar as tric chan fhaigh thu comharradh sam bith airson na pàirt sin den mheasadh— agus ann an cuspairean aig an Ìre Choitcheinn tha sin a' ciallachadh nach faigh thu teisteanas iomlan.

Tha e riatanach gur e an obair agad fhèin a-mhàin a chuireas tu a-steach airson measadh san obair-chùrsa. Anns an t-Sultain 2007 bu chòir dhut a' bhileag *Your Coursework 2008: a guide for candidates*, a tha ag innse dè dh'fheumas tu a dhèanamh, fhaighinn bhon sgoil no bhon cholaiste agad. Mus cuir thu obair-chùrsa sam bith a-steach dèan cinnteach gu bheil thu air a' bhileag sin a leughadh agus a thuigsinn, agus air ainm sgrìobhte a chur air an duilleig còmhdaich (flyleaf), ma chaidh sin iarraidh ort, oir is ann mar sin a thèid an obair agad aithneachadh. Ma tha thu mì-chinnteach mu rud sam bith no ma tha dad nach eil thu a' tuigsinn, tha e air leth cudromach gum faighnich thu don tidsear no òraidiche agad mu dheidhinn.

Deuchainnean practaigeach Ealain agus Dealbhadh

Innsidh an tidsear ealain agad càite am bi iad air an cumail. Dh'fhaodadh tu am fiosrachadh seo a chur aig deireadh an leabhraing seo.

anns

NA DEUCHAINNEAN AGAD

Luchd-faire

Is e an 'luchd-faire' a bhios a' cumail sùil air na deuchainnean às leth SQA. Chan e luchd-obrach na sgoile no colaiste a th' annta. Bidh iad a' fuireach san t-seòmar-dheuchainn gus dèanamh cinnteach gu bheil an deuchainn ga cumail a rèir nan riaghailtean agus gu bheil na riaghailtean air an cur an sàs ann an dòigh chothromach.

Deasgaichean

Anns a' mhòr-chuid de sgoiltean/colaistean gheibh thu àireamh deasga/suidheachain airson gach deuchainn. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air mus tòisich an deuchainn.

Tha e air leth cudromach gun suidh thu aig an deasg a chaidh a shònrachadh dhut ma tha thu a' dèanamh teast ioma-roghainn. Tha seo airson gum bi thu a' faighinn duilleag-fhreagairt phearsanta air a bheil d' ainm, ATA agus fiosrachadh mun ionad clò-bhuailte mar-thà. Thèid iarraidh ort dèanamh cinnteach às an fhiosrachadh gu lèir a tha seo mus tòisich an deuchainn.

Ma bhios tu fadalach

Ma tha thu fadalach airson deuchainn, feumaidh tu bruidhinn ris an tidsear no òraidiche os cionn Deuchainnean SQA san ionad agad, a nì co-dhùnadh am faod thu a dhol a-steach don t-seòmar-dheuchainn. Mura faigh thu cead dol a-steach, thèid an t-adhbhar a bha thu fadalach innse don SQA agus is dòcha gun gabh iad beachd air sin.

Rudan nach fhaod thu a thoirt a-steach don t-seòmar-dheuchainn

Tha fònaichean-làimhe is fònaichean WAP uile gu lèir toirmisgte agus chan

fhaod thu an toirt a-steach don t-seòmar-dheuchainn. Ma thèid fòn-làimhe no inneal-claistinn didseatach sam bith a lorg ort, m.e. inneal MP3, no ma bheir thu a-steach e 's gun dèan e fuaim sam bith, dh'fhaodadh tu cead an deuchainn a shuidhe a chall.

Is iad na rudan eile nach fhaod thu a thoirt don deuchainn:

- inneal-cluiche ciùil/MP3
- calculator no faclair dealanach air a bheil dàta neo-cheadaichte
- cèis calculator
- dearbhadh litreachaidh
- cèis pheansailean
- leabhraichean, notaichean, sgeidseachan, pàipear sam bith, no taic sam bith eile nach eil ceadaichte

Ma nì thu mearachd agus gun toir thu taic sam bith nach eil ceadaichte a-steach don t-seòmar-dheuchainn, feumaidh tu a thoirt don neach-faire airson a chumail gus am bi an deuchainn seachad. Ma tha бага agad, faighnich den neach-faire càite an cuir thu e.

Anns an t-seòmar-dheuchainn

Dèan cinnteach gur e am pàipear-deuchainn ceart a fhuair thu. Mura h-e am pàipear ris an robh dùil agad a fhuair thu, innis don Neach-amhairc. Leugh an stiùireadh air còmhach gach pàipeir-dheuchainn agus dèan cinnteach gu lean thu e gu cùramach.

Sgrìobh am fiosrachadh pearsanta air duilleag aghaidh a' phàipeir- no leabhraichean-dheuchainn.

Ma dh'fheumas tu tuilleadh pàipeir, iarr e bhon Neach-faire. Cuimhnich gun cuir thu d' ainm, ATA agus ainm na sgoile no colaiste air aig deireadh na deuchainne. Cuir duilleagan a bharrachd am broinn an leabhraichean-fhreagairt.

Tha e ceadaichte calculator a chleachdadh ann an cuid de dheuchainnean agus innsidh an tidsear no òraidiche dhut mu dheidhinn seo. Chan fhaod thu a roinn le duine sam bith eile.

Duilleagan bàna sa phàipear-cheistean

Ma tha duilleagan sam bith sa phàipear-cheistean air nach eil ceistean no stiùireadh sam bith bu chòir BLANK PAGE (DUILLEAG BHÀN) a bhith clò-bhuailte ann an clò trom ann am meadhan na duilleig. Ma lorgas tu duilleag bhàn air nach eil seo sgrìobhte innis don Neach-faire.

Tha am pàipear-cheistean a' crìochnachadh far am faic thu na faclan **END OF QUESTION PAPER (DEIREADH A' PHÀIPEIR-CHEISTEAN)**.

do

GHIÙLAN

A' sgrìobhadh nam freagairtean

Cleachd peann dubh no dubh-ghorm, agus sgrìobh gu soilleir, snasail. Na cleachd peansail ach ann an teastaichean ioma-roghainn, diagraman, grafaichean agus obair-phròbhaidh. Faodaidh tu comharraidhean a chall ann an cuid de chuspairean airson sgrìobhadh a tha robach no duilich a leughadh, agus airson mhearachdan ann an litreachadh is puingeachadh. Na cleachd cainnte teacsa ann an gin de na freagairtean agad. Nuair a sgrìobhas tu air pàipear far nach eil loidhnichean, feuch gum fàg thu mu chiadameatair eadar loidhnichean.

Leabhranan-dàta

Thèid leabhranan-chlàran no dàta a thoirt dhut nuair a tha iad mar phàirt den deuchainn, ach chan fhaod thu comharradh sam bith a chur orra no an toirt a-mach leat às an t-seòmar-dheuchainn.

Obair-phròbhaidh

Na cleachd mìrean pàipeir – feumar obair-phròbhaidh gu lèir a dhèanamh san leabhran-fhreagairt.

Dèan cinnteach gun cuir thu loidhne tron obair-phròbhaidh nuair a tha an obair cheart agad dèante.

Giùlan mì-fhreagarrach

Thèid giùlan mì-fhreagarrach sam bith innse don SQA agus a rannsachadh. Dh'fhaodadh tu comharraidhean a chall no cead a bhith nad thagraiche sa chuspair sin a chall, no, ann am fìor dhroch shuidheachaidhean, cead a bhith nad thagraiche ann an gin de na deuchainnean a tha thu a' suidhe a chall.

Ma thachras dad de na nithean seo, no ma chuireas an SQA litir rabhaidh mun giùlan agad don sgoil no colaiste agad, is dòcha nach faigh an sgoil no colaiste cothrom ath-thagradh a chur a-steach air do shon.

Eisimpleirean air droch ghiùlan

<ul style="list-style-type: none">• meirle-sgrìobhaidh — gun a bhith a’ comharradh tàrmachadh agus/no a’ leigeil ort gur e obair duine eile an obair agad fhèin• dèanamh ùpraid san t-seòmar-dheuchainn• cur duine eile a shuidhe na deuchainn nad àite• cleachdadh fhaclan no dealbhan neo-iomchaidh, oilbheumach no drabasta ann an leabhraichean-freagairt deuchainn no obair-chùrsa	<ul style="list-style-type: none">• ana-caitheamh air stuth deuchainn (a’ gabhail a-steach phàipearan-deuchainn, pàipear msaa)• cleachdadh stuth toirmisgte san t-seòmar-dheuchainn (leithid notaichean, calculator, faclairean, innealan-claisneachd didseatach, fònaichean-làimhe msaa)• dèanamh lethbhreac de obair tagraiche eile• co-obrachadh cealgach — ag obair còmhla ri tagraichean eile air obair a bu chòir dhut a dhèanamh leat fhèin
--	---

Fàgail an t-seòmair-dheuchainn

Bu chòir dhut fuireach san t-seòmar gus am bi an deuchainn seachad, ach ma tha thu air nas urrainn dhut a dhèanamh, is dòcha gu leig an Neach-faire leat falbh às dèidh leth-uair a thìde (far a bheil deuchainn a’ leantainn còrr is uair a thìde) no 20 mionaid (ma tha an deuchainn uair a thìde de dh’fhaid no nas giorra). Mus fàg thu, feumaidh tu an leabhar-freagairt agus am pàipear-cheistean agad a thoirt don Neach-faire, ge bith dè th’ ann — air neo dh’fhaodadh tu a h-uile comharradh anns a’ phàipear sin a chall.

Ma tha thu tinn no troimhe-chèile, innis don Neach-faire agus cuiridh iad air dòigh dhut an seòmar fhàgail.

Stuth-deuchainn

Tha an stuth-deuchainn gu lèir, gach leabhar-freagairt agus fianais a chuireadh a-steach às do leth airson measadh, an seilbh an SQA, ann an cruth agus smuain. Nuair a chuireas tu stuth-deuchainn, leabhar-freagairt agus fianais a-steach don SQA airson measadh, tha thu a’ toirt cead do SQA, agus/no buidheann/neach sam bith a gheibh cead bho SQA, an stuth sin a chleachdadh an-asgaidh ann an dòigh sam bith a shaoileas SQA no buidheann/neach ceadaichte iomchaidh, a’ gabhail a-steach, gun bhacadh, an cleachdadh ann an stuth-teagaisg no eisimpleirean. Anns an t-suidheachadh seo, chan innis SQA d’ ainm no d’ Àireamh Tagraiche Albannach no dòigh sam bith air d’ aithneachadh. Chan urrainn do SQA an stuth seo a thilleadh thugad.

Neo-làthaireachd

Ma tha tinneas no adhbhar math sam bith eile gad chumail bhon deuchainn a shuidhe, no pàirt dhith, bu chòir dhut innse don sgoil no colaiste cho luath 's as urrainn dhut. Bu chòir dhut teisteanas-dotair airson latha na deuchainn a thoirt don sgoil no colaiste agad.

Ma dh'fhàsas tu tinn san deuchainn fhèin, is dòcha nach tèid iarraidh ort teisteanas-dotair a thoirt seachad.

na toraidhean deuchainn agus **TEISTEANASAN AGAD**

Toraidhean

Tha sinn air tòiseachadh air na comharraidhean Aonaid agus Earrannan Ìre Choitcheann agad a chur don choimpiutair againn, agus cumaidh sinn oirnn le seo mar a thig iad a-steach thugainn. Feumaidh sinn a bhith air na comharraidhean sin a chur an òrdugh mus cuir sinn iad ris an toradh iomlan agad.

Gheibh thu an Teisteanas Bharantasan Albannach (TBA) air post a' chiad chlas air **Dimàirt 5 Lùnastal**.

MySQLA

Is e seirbheis lìn ùr a th' ann am MySQLA a bheir cothrom dhut fhèin a-mhàin coimhead ri na toraidhean agad ann an tèarainteachd.

Cha leig thu leas feitheamh air na toraidhean a thighinn tron phost. Ma chlàras tu airson MySQLA faodaidh tu iarraidh na toraidhean fhaighinn air post-d no teacsa a' chiad char madainn Dimàirt 5 Lùnastal.

Clàraich, agus gheibh thu na toraidhean ge bith dè – fiù ma tha thu air falbh bhon dachaigh. Cha bhi agad ri iarraidh air cuideigin eile am fosgladh, agus cha tig ort feitheamh.

Faic mar a chuireas tu an cunntas agad an gnìomh air **www.whywait.org.uk**.

Bidh cuid agaibh a' dol don oilthigh no colaiste, agus nì sinn cinnteach gu faigh Seirbheis Inntrigidh Oilthighean is Cholaistean (UCAS) fios mu na toraidhean agad ann an tìde dhaibh innse don cholaiste no oilthigh a thagh thu mu na toraidhean agad.

Ma tha thu a' tilleadh don sgoil airson bliadhna eile cuiridh sinn fios thuca mu na toraidhean agad gus am bi tìde gu leòr aig na tidsearan clàr-ama na h-ath-bhliadhna a chur air dòigh agus comhairle a thoirt dhut air dreuchdan agus cùrsaichean. Mura faigh thu an TBA air Dimàirt 5 Lùnastal, agus dùil agad ris, cuir fios don sgoil no colaiste agad sa bhad.

Faodaidh an sgoil no colaiste na toraidhean agad innse dhut agus cuiridh iad fios thugainne a dh'fhaicinn dè thachair don TBA agad.

Ma nì thu imrich gu dachaigh ùr, innis don sgoil no colaiste agad sa bhad. Nì seo cinnteach gun tèid an TBA don àite cheart agus nach bi dàil no mì-chinnt sa chùis.

Ma gheibh thu Duais Buidhne Albannach (DBA) thig an teisteanas DBA aig an aon àm 's a thig an TBA agad.

Taic dhut aig àm nan toraidhean

Mura h-eil thu a' tuigsinn an teisteanais agad, no ma shaoileas tu gu bheil rudeigin a dhìth no ceàrr, iarr cuideachadh sa bhad bhon sgoil no colaiste agad. Ma tha rudeigin ceàrr, cuiridh an sgoil no colaiste fios thugainn airson a chur ceart.

Bidh loidhne-comhairle fòn ann eadar 4 – 8 Lùnastal. Faodaidh tu gairm a chur thuca airson comhairle air brìgh agus cruth an teisteanais agad. Gheibh thu àireamh na loidhne-comhairle air a' bhileig fiosrachaidh a thig an còis an teisteanais agad.

Ath-thagradh

Tha pròiseas ath-bhreithneachaidh aig SQA airson tagraichean nach do rinn cho math ann an deuchainn 's a bha an sgoil no colaiste aca an dùil. Tha a' phàirt seo den leabhran a' toirt fiosrachadh dhut air siostam ath-thagraidh SQA san fharsaingeachd. Ma dh'fheumas tu fiosrachadh nas mionaidiche, iarr e bhon neach aig an sgoil no colaiste agad a tha os cionn Deuchainnean SQA.

Mar a thèid ath-thagradh a dhèanamh

Mus suidh thu deuchainn, bidh an sgoil no colaiste agad air tuairmeas a chur thugainn air ciamar a shaoileas iad a nì thu. Bidh an tuairmeas seo stèidhichte air a' mheasadh a rinn iad air an obair agad sa Chùrsa.

Mura dèan thu cho math air latha na deuchainn 's a bha an sgoil no colaiste agad an dùil, faodar ath-thagradh a chur a-steach às do leth – ach:

- **feumaidh tu a bhith air a h-uile pàirt den mheasadh fheuchainn**
- **feumaidh fianais fhreagarrach gu leòr a bhith aig an sgoil no colaiste agad a bheir taic don tuairmeas aca**

Chan fhaod thusa, do phàrantan no neach-ionaid sam bith eile ath-thagradh dìreach a dhèanamh. Feumaidh an sgoil no colaiste a chuir a-steach thu airson na deuchainn sin a dhèanamh dhut.

Mar a bhios SQA a' dèiligeadh ri ath-thagraidhean

Seallaidh sgiobaidhean luchd-eòlais sa chuspair ris an fhianais no an obair a bharrachd a chuir an sgoil no colaiste agad a-steach. Ma thig feum air, seallaidh iad ri sgrìobt na deuchainne agad a-rithist. Ma tha an fhianais agad freagarrach agus ma chaidh a dèanamh ann an suidheachadh iomchaidh (innsidh an sgoil no colaiste agad don SQA ciamar a chaidh a dèanamh), bheir seo beachd iomlan don luchd-ceasnachaidh air mar a choilean thu an Cùrsa. Cleachdaidh iad seo airson breithneachadh mun ìre a bheir iad dhut.

Toradh ath-thagraidhean

Thèid beachd a ghabhail air ath-thagraidhean Àrd-ìre agus Sàr Àrd-ìre an toiseach, san t-Sultain mar as tric. Thèid beachdachadh air ath-thagraidhean airson Eadar-mheadhanach 1, Eadar-mheadhanach 2 agus Ìre Choitcheann anns an Dàmhair. Bidh fios aig an sgoil no colaiste agad air na cinn-latha cudromach airson fiosrachadh a chur a-steach.

Innsidh sinne buil an ath-thagraidh don sgoil no colaiste agad air, no ron, a' cheann-latha a thèid a shònrachadh, agus cuiridh iadsan fios thugadsa.

- **Ath-thagraidhean èiginneach airson inntrigeadh do àrd-fhoghlam no foghlam adhartach ro 20 Sultain**
- **Ath-thagraidhean Àrd-ìre agus Sàr Àrd-ìre ro dheireadh na Sultaine**
- **Ath-thagraidhean Eadar-mheadhanaich 1, Eadar-mheadhanaich 2 agus Ìre Choitcheann ro mheadhan na Samhna**

Mura robh an t-ath-thagraidh agad soirbheachail, innsidh sinn don sgoil no colaiste agad carson. Ma tha an t-ath-thagraidh soirbheachail, bheir sinn teisteanas ùr dhut aig deireadh na Samhna.

geàrr-chunntas den CHLÀR-AMA

Geàrr-chunntas clàir-ama 2008

Ìre Choitcheann

Cùrsa	Ceann/cinn-latha
Cunntasachd agus Ionmhas	Diciadain 28 Cèitean
Rianachd	Diciadain 7 Cèitean
≠ Ealan agus Dealbhadh (Deuchainn Phractaigeach)	Ga chur air dòigh leis an Ionad
Bith-eòlas	Dimàirt 27 Cèitean
Rianachd Gnothaich	Dihaoine 16 Cèitean
Ceimigeachd	Diardaoin 1 Cèitean
Greugais Chlasaigeach	Dihaoine 2 Cèitean
Eòlas Clasaigeach	Dihaoine 9 Cèitean
Coimpiutaireachd	Diluain 12 Cèitean
Nuadh-eòlas Sòisealta	Dihaoine 9 Cèitean
Obair-làimhe agus Dealbhadh	Diciadain 14 Cèitean
Dràma	Dimàirt 20 Cèitean
Eaconamas	Diluain 12 Cèitean
Beurla	Dimàirt 6 Cèitean
Beurla – Conaltradh Eadar-dhealaichte	Dimàirt 6 Cèitean
Beurla – Labhairt	Dimàirt 6 Cèitean
Frangais	Dimàirt 13 Cèitean
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	Diciadain 28 Cèitean
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) (Roghainneil) (Sgrìobhadh)	Diciadain 28 Cèitean
Gàidhlig (Fileantaich)	Diciadain 28 Cèitean
Cruinn-eòlas	Dihaoine 9 Cèitean
Gearmailtis	Diluain 19 Cèitean
Conaltradh Dealbhach	Diciadain 21 Cèitean
Eachdraidh	Diluain 26 Cèitean
Eaconamas Dachaigh	Diluain 19 Cèitean
Eadailtis	Diciadain 7 Cèitean
Laideann	Diciadain 14 Cèitean
Matamataig	Diardaoin 8 Cèitean
Nuadh-eòlas	Diardaoin 22 Cèitean
Ceòl	Diardaoin 1 Cèitean
Foghlam Corporra	Dihaoine 2 Cèitean
Fiosaig	Dihaoine 23 Cèitean
Eòlas Creideimh	Diciadain 28 Cèitean
Ruisis	Diciadain 14 Cèitean
Saidheans	Dimàirt 27 Cèitean
Sgilean Sòisealta agus Dreuchdail	Diardaoin 15 Cèitean
Spàinntis	Dihaoine 16 Cèitean
Eòlas Teicnigeach	Diciadain 7 Cèitean
Urdu	Dimàirt 20 Cèitean

Ciall samhla

≠ Faodaidh na deuchainnean seo tachairt aig àm sam bith a shònraicheas an sgoil/colaiste eadar/air Diluain 21 Giblean agus Dihaoine 2 Cèitean.

Eadar-mheadhanach 1

Cùrsa	Ceann/cinn-latha
Cunntasachd	Diluain 26 Cèitean
Rianachd	Diciadain 4 Ògmhios
Bith-eòlas	Dimàirt 27 Cèitean
Rianachd Gnothaich	Dihaoine 16 Cèitean
Cùram	Diciadain 11 Ògmhios
Ceimigeachd	Dihaoine 30 Cèitean
Greugais Chlasaigeach	Diardaoin 29 Cèitean
Eòlas Clasaigeach	Diluain 2 Ògmhios
Coimpiutaireachd	Diluain 2 Ògmhios
Dràma	Dimàirt 20 Cèitean
Eaconamas	Dihaoine 23 Cèitean
Beurla	Diardaoin 15 Cèitean
Frangais	Diciadain 21 Cèitean
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	Dihaoine 30 Cèitean
Gàidhlig (fileantaich)	Dihaoine 30 Cèitean
Cruinn-eòlas	Diardaoin 22 Cèitean
Creag-eòlas	Diluain 19 Cèitean
Gearmailtis	Diardaoin 5 Ògmhios
Conaltradh Dealbhach	Dimàirt 27 Cèitean
Eachdraidh	Diluain 26 Cèitean
Eadailtis	Diardaoin 29 Cèitean
Laideann	Diciadain 4 Ògmhios
Riaghladh Stòrasan Àrainneachd	Dihaoine 6 Ògmhios
Matamataig	Dimàirt 20 Cèitean
Eòlas nam Meadhanan	Dihaoine 30 Cèitean
Nuadh-eòlas	Diardaoin 29 Cèitean
Ceòl	Dihaoine 2 Cèitean
Foghlam Corporra	Diciadain 28 Cèitean
Nàdar-fheallsanachd	Dihaoine 23 Cèitean
Eòlas-inntinn	Diciadain 4 Ògmhios
Foghlam Creideimh, Moraltachd agus Feallsanachd	Diciadain 28 Cèitean
Ruisis	Dimàirt 3 Ògmhios
Spàinntis	Dihaoine 16 Cèitean
Siubhal agus Turasachd	Diluain 2 Ògmhios

Geàrr-chunntas clàir-ama 2008

Eadar-mheadhanach 2

Cùrsa	Ceann/cinn-latha
Cunntasachd	Diluain 26 Cèitean
Rianachd	Diciadain 4 Ògmhios
Ealan agus Dealbhadh	Dimàirt 3 Ògmhios
Bith-eòlas	Dimàirt 27 Cèitean
Bith-teicneòlas	Diciadain 21 Cèitean
Rianachd Gnòthaich	Dihaoine 16 Cèitean
Cùram	Diciadain 11 Ògmhios
Ceimigeachd	Dihaoine 30 Cèitean
Greugais Chlasaigeach	Diardaoin 29 Cèitean
Eòlas Clasaigeach	Diluain 2 Ògmhios
Coimpiutaireachd	Diluain 2 Ògmhios
Dràma	Dimàirt 20 Cèitean
Eaconamas	Dihaoine 23 Cèitean
Bun-eòlas Eileagtronaigeachd agus Dealain	Diciadain 11 Ògmhios
Beurla	Diardaoin 15 Cèitean
Beurla airson Luchd-labhairt Chànanan Eile	Diardaoin 15 Cèitean
Frangais	Diciadain 21 Cèitean
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	Dihaoine 30 Cèitean
Gàidhlig (fileantaich)	Dihaoine 30 Cèitean
Cruinn-eòlas	Diardaoin 22 Cèitean
Creag-eòlas	Diluain 19 Cèitean
Gearmailtis	Diardaoin 5 Ògmhios
Conaltradh Dealbhach	Dimàirt 27 Cèitean
Eachdraidh	Diluain 26 Cèitean
Eaconamas Dachaigh: Teicneòlas Fasain agus Clò	Diardaoin 5 Ògmhios
Eaconamas Dachaigh: Teicneòlas Slàinte agus Bidhe	Diardaoin 5 Ògmhios
Eaconamas Dachaigh: Teicneòlas Dòigh-beatha agus Luchd-caitheimh	Diardaoin 5 Ògmhios
Òstaireachd: Còcaireachd Phroifeiseanta	Dihaoine 6 Ògmhios
Òstaireachd: Fàilte agus Àite-fuirich	Diciadain 11 Ògmhios
Sìostaman Fiosrachaidh	Diluain 19 Cèitean
Eadailtis	Diardaoin 29 Cèitean
Laideann	Diciadain 4 Ògmhios
Riaghladh Stòrasan Àrainneachd	Dihaoine 6 Ògmhios
Matamataig	Dimàirt 20 Cèitean
Eòlas nam Meadhanan	Dihaoine 30 Cèitean
Nuadh-eòlas	Diardaoin 29 Cèitean
Ceòl	Dihaoine 2 Cèitean
Foghlam Pearsanta agus Sòisealta	Dihaoine 6 Ògmhios
Feallsanachd	Diardaoin 22 Cèitean
Foghlam Corporra	Diciadain 28 Cèitean
Fiosaig	Dihaoine 23 Cèitean
Dealbhadh Bathair	Diardaoin 29 Cèitean
Eòlas-inntinn	Diciadain 4 Ògmhios
Foghlam Creideimh, Moraltachd agus Feallsanachd	Diciadain 28 Cèitean
Ruisis	Dimàirt 3 Ògmhios
Eòlas sòisealta	Dimàirt 10 Ògmhios
Spàinntis	Dihaoine 16 Cèitean
Eòlas Teicnigeach	Diciadain 4 Ògmhios
Siubhal agus Turasachd	Diluain 2 Ògmhios

Àrd-ìre

Cùrsa	Ceann/cinn-latha
Cunntasachd	Diluain 26 Cèitean
Rianachd	Diardaoin 5 Ògmhios
Teicneòlas Ailtireachd	Diluain 9 Ògmhios
Ealan agus Dealbhadh	Dimàirt 3 Ògmhios
Bith-eòlas	Dimàirt 27 Cèitean
Bith-teicneòlas	Diciadain 21 Cèitean
Obair Togail	Dihaoine 6 Ògmhios
Rianachd Gnòthaich	Diciadain 14 Cèitean
Cùram	Diciadain 11 Ògmhios
Ceimigeachd	Dihaoine 30 Cèitean
Greugais Chlasaigeach	Diardaoin 29 Cèitean
Eòlas Clasaigeach	Diluain 2 Ògmhios
Coimpiutaireachd	Diluain 2 Ògmhios
Dràma	Diciadain 4 Ògmhios
Foghlam Òg agus Cùram Cloinne	Diluain 9 Ògmhios
Eaconamas	Dihaoine 23 Cèitean
Beurla	Diardaoin 15 Cèitean
Beurla airson Luchd-labhairt Chànanan Eile	Diardaoin 15 Cèitean
Innleadaireachd Cruthachaidh agus Tàthaidh	Diciadain 11 Ògmhios
Frangais	Diciadain 21 Cèitean
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	Dihaoine 30 Cèitean
Gàidhlig (Fileantaich)	Dihaoine 30 Cèitean
Cruinn-eòlas	Diardaoin 22 Cèitean
Creag-eòlas	Diluain 19 Cèitean
Gearmailtis	Diardaoin 5 Ògmhios
Conaltradh Dealbhach	Dimàirt 27 Cèitean
Eachdraidh	Diluain 26 Cèitean
Eaconamas Dachaigh: Teicneòlas Fasain agus Clò	Diardaoin 5 Ògmhios
Eaconamas Dachaigh: Teicneòlas Slàinte agus Bidhe	Diardaoin 5 Ògmhios
Eaconamas Dachaigh: Teicneòlas Dòigh-beatha agus Luchd-caitheimh	Diardaoin 5 Ògmhios
Òstaireachd: Solarachd Bidhe is Deoch	Diluain 9 Ògmhios
Òstaireachd: Còcaireachd Phroifeiseanta	Dihaoine 6 Ògmhios
Bith-eòlas a' Chinne-daonna	Dimàirt 27 Cèitean
Siostaman Fiosrachaidh	Diluain 19 Cèitean
Eadailtis	Diardaoin 29 Cèitean
Laideann	Diciadain 4 Ògmhios
Riaghladh Stòrasan Àrainneachd	Dihaoine 6 Ògmhios
Matamataig	Dimàirt 20 Cèitean
Meacatronaigs	Dimàirt 10 Ògmhios
Eòlas nam Meadhanan	Dihaoine 30 Cèitean
Nuadh-eòlas	Diardaoin 29 Cèitean
Ceòl	Dihaoine 23 Cèitean
Foghlam Pearsanta agus Sòisealta	Dihaoine 6 Ògmhios
Feallsanachd	Diardaoin 22 Cèitean
Foghlam Corporra	Diciadain 28 Cèitean
Fiosaig	Dihaoine 23 Cèitean
Poilitigs	Diluain 9 Ògmhios
Dealbhadh Bathair	Diardaoin 29 Cèitean
Eòlas-inntinn	Diciadain 4 Ògmhios
Foghlam Creideimh, Moraltachd agus Feallsanachd	Diciadain 28 Cèitean
Ruisis	Dimàirt 3 Ògmhios
Eòlas sòisealtais	Dimàirt 10 Ògmhios
Spàinntis	Dimàirt 3 Ògmhios
Eòlas Teicnigeach	Diciadain 4 Ògmhios
Siubhal agus Turasachd	Dimàirt 10 Ògmhios
Urdu	Dimàirt 20 Cèitean

Geàrr-chunntas clàir-ama 2008

Sàr Àrd-ìre

Cùrsa	Ceann/cinn-latha
Cunntasachd	Diluain 26 Cèitean
Rianachd	Diciadain 4 Ògmhios
Matamataig an Gníomh	Diardaoin 29 Cèitean
Bith-eòlas	Dimàirt 27 Cèitean
Rianachd Gnothaich	Dihaoine 16 Cèitean
Ceimigeachd	Dihaoine 30 Cèitean
Greugais Chlasaigeach	Diardaoin 29 Cèitean
Eòlas Clasaigeach	Diluain 2 Ògmhios
Coimpiutaireachd	Diluain 2 Ògmhios
Dràma	Diciadain 4 Ògmhios
Eaconamas	Dihaoine 23 Cèitean
Beurla	Diardaoin 15 Cèitean
Frangais	Diciadain 21 Cèitean
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	Dihaoine 30 Cèitean
Gàidhlig (Fileantaich)	Dihaoine 30 Cèitean
Cruinn-eòlas	Diardaoin 22 Cèitean
Gearmailtis	Diardaoin 5 Ògmhios
Conaltradh Dealbhach	Dimàirt 27 Cèitean
Eachdraidh	Diluain 26 Cèitean
Eaconamas Dachaigh: Teicneòlas Slàinte agus Bidhe	Diardaoin 5 Ògmhios
Sìostaman Fiosrachaidh	Diluain 19 Cèitean
Eadailtis	Diardaoin 29 Cèitean
Laideann	Diciadain 4 Ògmhios
Matamataig	Dimàirt 20 Cèitean
Eòlas nam Meadhanan	Dihaoine 30 Cèitean
Nuadh-eòlas	Diardaoin 29 Cèitean
Ceòl	Dihaoine 23 Cèitean
Fiosaig	Dihaoine 23 Cèitean
Dealbhadh Bathair	Diardaoin 29 Cèitean
Foghlam Creideimh, Moraltachd agus Feallsanachd	Diciadain 28 Cèitean
Ruisis	Dimàirt 3 Ògmhios
Spàinntis	Dimàirt 3 Ògmhios
Eòlas Teicnigeach	Diciadain 4 Ògmhios

Na

DEUCHAINNEAN

AGAD

San fharsaingeachd	Giùlan
<ul style="list-style-type: none">✓ nochd ann an tìde — mu 10 mionaidean mus tòisich an deuchainn✓ dèan cinnteach gun d'fhuair thu am pàipear-deuchainn ceart✓ sgrìobh am fiosrachadh pearsanta a thèid iarraidh air còmhdach na sgrìobt✓ leugh an stiùireadh gu lèir agus èist gu cùramach airson fiosrachadh no stiùireadh a bharrachd✓ thoir leat an stuth ceart — pinn, peansailean HB msaa✓ cuimhnich loidhne a chur tro obair-phròbhaidh sam bith nuair a tha an obair cheart agad dèante✓ ma dh'fhàsas tu tinn, innis don Neach-faire✓ cuir d' ainm agus ATA air a h-uile pìos obrach/pàipeir✓ fuirich san t-seòmar gus am bi an deuchainn seachad — chan fhaod thu fàgail tràth ach le cead an Neach-faire	<ul style="list-style-type: none">✗ na cuidich duine eile agus na faigh cuideachadh bho dhuine eile✗ na dèan ùpraid — feumaidh tu an seòmar fhàgail agus dh'fhaodadh gun deigheadh an obair agad a dhi-chòireachadh✗ na roinn stuth

Ma tha бага agad no stuth toirmisgte SAM BITH, faighnich don Neach-faire càite an cuir thu iad. Chan fhaod thu fòn-làimhe no inneal-claisneachd didseatach a thoirt a-steach don t-seòmar-dheuchainn.

Faodar an sgrìobhainn seo a dhèanamh, le cead, ann an riochdan eadar-dhealaichte, leithid clò mòr, Clò nan Dall agus iomadh chànan coimhearsnachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuir fòn thugainn air
0845 279 1000.

Ionad Fiosrachaidh Luchd-caitheimh

F: 0845 279 1000 P-d: customer@sqa.org.uk E-lìon: www.sqa.org.uk

BD1529

Màrt 2008